

A Thighearna ar Dia,  
Is tusa an Tì a dh'aithneachas ar cridheachan,  
agus is aithne dhut gach aon againn aig an ìre as doimhne:  
Tha sinn a' tighinn fa do chomhair,  
ag ùrnaigh gum faic thu sinn aig an ìre as doimhne,  
agus gun gabh thu rinn, oir rinn thu sinn nad ìomhaigh fhèin.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna ar Dia,  
Is tusa an Tì a dh'aithneachas ar cridheachan,  
agus is aithne dhut gach aon againn aig an ìre as doimhne:  
Tha sinn a' taigsinn dhut gach rud a tha annainn, a-chum do sheirbheis,  
rannsaich ar cridheachan ach an aithnich dhuinn thu,  
mar is aithne dhut sinn fhìn.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna ar Dia,  
Is tusa an Tì a dh'aithneachas ar cridheachan,  
agus is aithne dhut gach aon againn aig an ìre as doimhne:  
Nuair a chluinneas sinn gaoir na feedhna nar measg a tha a' fulang,  
deònaich gun èist sinn riutha gu gràdhach  
agus gun toir sinn cuideachadh dhaibh ann an àm am feuma.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna ar Dia,  
Is tusa an Tì a dh'aithneachas ar cridheachan,  
agus is aithne dhut gach aon againn aig an ìre as doimhne:  
Nuair a chì sinn na tàlantan a tha aig càch,  
deònaich gum faic sinn na comasan a thug thu do gach neach,  
agus labhair rinn mu ar dleastanas agus ar miann an aire a thoirt air do  
Chruthachadh.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna ar Dia,  
Is tusa an Tì a dh'aithneachas ar cridheachan,  
agus is aithne dhut gach aon againn aig an ìre as doimhne:  
Nuair a smaoineachas sinn air glòir d' ainme a lìonas gach uile thìr,

tog ar cridheachan, agus neartaich ar miann  
dùbhlanan ar latha fhuasgladh,  
a-chum glòir d' ainme agus a-chum do chliù.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.